

Bòrd MG ALBA

Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach

25 agus 26/9/19

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair) Jo NicDhòmhnaill
Daibhidh Brew Donaidh MacAmhlaidh
Iain Stephen Moireasdan Dùghall MacAmhlaigh
Marion Nic na Ceàrdaich

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)
Donaidh Dòmhnallach (Stiùiriche Ionmhais Eadar-amail)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Mairead Màiri Mhoireach, Ceannard Seirbheis BBC ALBA
(air fòn airson puingean 5-7)

1. Leisgeulan

1.1 Calum MacFhearghais, Màiri Kidd

2. Gnothaichean Dearbhte

2.1 Dh'innis Jo NicDhòmhnaill gu robh i air bòrd Shabhal Mhòir Ostaig.

2.2 Dh'innis Daibhidh Brew gu robh e air bòrd Alba Chruthachail, ri linn an còmhradh mun Sgrìn Alba.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

a) 11 & 12/6/19 – aontaichte.

b) Gnothaichean ag èirigh

3.1 *Àireamhan luchd-amhairc An Là* – chaidh innse gu bheil a' chiad earrann den rannsachadh deiseil, le dùil air an dàrna earrann ann an ùine ghoirid.

- 3.2 Nuair a bhios an dàrna earrann de rannsachadh seachad, bidh còmhradh dha chumail leis an sgioba naidheachd agus ùine air a thoirt dhaibh beachdachadh air toraidhean an rannsachaidh. Bidh Ceannard Naidheachdan BBC Scotland cuideachd an lùib còmhraidhean sam bith.
- 3.3 Thig an aithisg air beulaibh Chomataidh Inbhean aig coinneamh na Samhna agus thèid cuireadh a thoirt do Cheannard Naidheachdan Gàidhlig a' BhBC a thighinn a bhruidhinn ris a' Bhòrd sa Ghearran 2020. (Gnìomh: MAMI)
- 3.4 Ann an co-theacsa còmhradh a bha aig Comataidh Inbhean, chaidh beachd a thogail an robhas a' coimhead ri inbhe na seirbheis naidheachd.
- 3.5 *Cupa na Cruinne* – chaidh a chomharrachadh gun do ghabh an iadsan a bha an làthair an cothrom teachdaireachdan a thoirt don SFA agus eile agus bhon t-seadh sin bha e air leth cudromach mar thachartasan agus airson com-pàirteachasan a thogail.
- 3.6 *Ball-coise nam ban* - chaidh innse gun do rinn MG ALBA iomairt gus rionnagan an geama a thoirt gu sgoiltean is eile. Chaidh beachdachadh air an robh dad ann a dh'fhaodar a dhèanamh le sgioba ball-coise Leòdhas agus na Hearadh gus an sgioba a bhrosnachadh.
- 3.7 *Dràma* – thèid coinneachadh ri Sgrìon Alba san Dàmhair.

4. Aithrisean

a) Aithris bho Chomataidh Inbhean (4/9/19) agus coinneamh mu dhleastanas na Comataidh (19/9/19)

- 4.1 Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarachtaichte.
- 4.2 Chaidh an atharrachadh san dleastanas aontachadh leis a' Bhòrd.

b) Aithris bho Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh (5/9/19)

- 4.3 Thug Cathraiche na Comataidh aithris agus bha buill riarachtaichte.

c) Aithris bho Chomataidh Ainmeachaidh

- 4.4 Ged nach robh coinneamhan ann bho choinneamh a' bhùird mu dheireadh, thug an Cathraiche aithris air obair Ofcom gus buill ùra a chuir an dreuchd. Le ceann-là de 25/9/19 airson tagraidhean, thèid geàrr-liosta a dhèanamh air na tagraidhean air 3/10/19, le agallamhan gan cumail air 24 agus 25/10/19 le dòchas gum bi co-dhiù triùir bhall ùra an làthair aig coinneamh a' Ghearrain 2020.

5. Luchd-coimhid: dèanadas – Q1 2019/20

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le lèirmheas ràitheil an luchd-cleachdaidh is na h-iomairtean a tha a' libhrigeadh amasan Lèirsinn 2021 na buidhne. Thug an Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachd iomradh air agus ghabh buill fainear.
- 5.2 Ann an co-theacsa Lèirsinn, thèid seo a thogail fo phuing 14b.
- 5.3 Chaidh aithne a dhèanamh air a' chrìonadh san luchd-amhairc ach thèid beachdachadh air an seo ann an co-theacsa an ro-innleachd ioma-ùrlar.

6. Ro-innleachd ioma-ùrlar BBC ALBA

- 6.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.2 Chaidh innse gu bheil oifigearan a' dealbhachadh ro-innleachd ioma-ùrlar do BhBC ALBA agus chaidh mìneachadh a dhèanamh air na prionnsabalan, a' togail cuid de na ceistean a tha ag èirigh ri an linn, nan measg maoin agus cruth an ath chuairt de chùmhnanntan phasgain.
- 6.3 Chaidh innse gu robhas an dùil bho 2021/22 gum biodh an t-airgead riochdachaidh a bha am BBC an dràsta a' cur dìreach gu ruige BBC Gàidhlig airson prògraman a dhèanamh airson BBC ALBA (mar èisimpleir Cbeebies ALBA) ga chur ri maoin coimiseanaidh na seanail. Bhiodh sin a' ciallachadh gu faodadh farpais a chumail airson prògraman maoinichte leis a' BhBC, mar a thathas a' dèanamh an dràsta airson prògraman maoinichte le MG ALBA. Dh'iarr am Bòrd gum biodh buil an atharrachaidh seo air a mhìneachadh gu h-iomlan aig an àm cheart, le sùil gu h-àraid air dè bhiodh e a' ciallachadh a thaobh poileasaidh MG ALBA agus co-bhanntachd BBC ALBA.
- 6.4 Chaidh innse gu bheileas aig toiseachd cumadh a thoirt air an ro-innleachd, agus gum bithear a' coimhead ris bho sheadh am plana obrachaidh agus procurement
- 6.5 Chaidh fàilte a chuir air an ro-innleachd agus chaidh aontachadh ann am prionnsabal, le dùil fhaicinn aig an ath ìre. (Gnìomh: IMT)
- 6.6 A thaobh an iPlayer, chaidh innse gum bi taisbeanadh dha thoirt seachad gu Comataidh Inbhean.

7. Spòrs

- 7.1 Aig coinneamh a' Bùird san Ògmhios, chaidh cead a thoirt do dh'oifigearan còmhraidhean a chumail le Nemeton a thaobh sineadh a' chùmhnannt riochdachaidh (a tha a' tighinn gu crìoch Iuchair 2020) son trì bliadhna eile, ach le iarrtas feuchainn ri fuasglaidhean a lorg a cheadaicheadh gearradh de 10% ann an luach a' chùmhnannt agus a cheadaicheadh na h-aon uairean de stuth ann an àite eile sa chlàr. Tha an obair-sgrùdaidh sin air tachairt tron t-samhradh.
- 7.2 Bha pàipear air beulaibh bhall le trì molaidhean: (a) gearradh a dhèanamh air goireasan (facilities) a-mhàin; (b) gearradh a dhèanamh air goireasan agus riochdachadh; agus (c) atharrachadh an dòigh sa bheileas a' làimhseachadh cuid de na geamaichean, mar sin a' saoradh resource airson slighe ùr a threòrachadh ann an craoladh spòrs nam ban air ùrlaran no-loidhneach. **FIOS GLÈIDHTE**
- 7.3 Sa phàipear, bha oifigearan a' moladh roghainn (c) air stèidh gu robh e a' dìon geamaichean beò na seanail loidhneach, a tha deatamach do BhBC ALBA, agus a ceadachadh do BhBC ALBA slighe ùr a threòrachadh air thoiseach air càch gu no-loidhneach agus ar sealbh ro-innleachdail ann an spòrs nam ban a dhìon.
- 7.4 Chaidh innse gu bheileas ann an còmhraidhean leis an SPFL mun chùis agus gu bheil iadsan air innse gun gabh iad le roghainn c).
- 7.5 Bha oifigearan den bheachd gu bheil an roghainn a tha iad a' moladh adhartach agus ro-innleachdail, stèidhichte air an ro-innleachd ioma-ùrlar agus a' dearbhadh prìomhachas spòrs beò a thaobh seanail loidhneach.
- 7.6 Chaidh seo cuideachd a dheasbad aig Bòrd na Co-bhanntachd air 11/9/19 agus bha iad taiceil son roghainn (c) mar rud a bheir BBC ALBA chun ath cheum.
- 7.7 Chaidh a dhaingneachadh gur ann sa Ghàidhlig agus beò a bhiodh am prògram ùr seo, a' gabhail a-steach gum biodh cuid de na contributors aig nach biodh ach Beurla.
- 7.8 Thòisich an cùmhnannt seo san Lùnastal 2020.
- 7.9 Chaidh innse gun tèid còmhraidhean ann an doimhneachd a thòiseachadh leis an SFA gus còraichean nam ban a ghleidheal bho 2020 air adhart. Mura bi seo comasach, tha dòighean ro-innleachdail eile ann sa dh'fhaodadh an cùmhnannt a chuir gu feum.
- 7.10 Chaidh deasbad a chumail le buill. Chaidh meal-a-naidheachd a chuir air an sgioba airson an cuid obrach ann a bhith a' toirt am pasgan gu buil, ann an dòigh a bhiodh a' sàbhaladh airgid ach aig an aon àm a' coimhead ri gnothaichean ann an dòigh ùr, ro-innleachdail.
- 7.11 Bha buill den bheachd gu robh roghainn (c) air fuasgladh gu math cruthachail fhaighinn air an dùbhlain a bh' ann agus chuir iad an taic ris a' mholadh.

- 7.12 Dh'iarra am Bòrd an cuid taing a thoirt do Nemeton airson an cuid saothrach agus airson a bhith cho ro-innleachdail agus ùr-ghnàthach.
- 7.13 Bha buill den bheachd gur e deagh modail a bha seo gus gluasadan a thoirt air gnèithean eile.

8 Com-pàirteachas LearnGaelic

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall mu bhun-stèidh LearnGaelic.
- 8.2 Chaidh innse gu bheileas a' cur an cèill cumadh compàirteachas LearnGaelic agus a' dearbhadh rùn nan compàirtichean (a) a bhith ag obair còmhla fo bhratach LearnGaelic agus (b) gabhail ris an aon sgèile comais mar bhun-stèidh airson na h-ama ri teachd, an sgèile CLAG, no "the CLAG scale" ann am Beurla. Thathas air aontachadh gun urrainn seo a chur an cèill ann am Meòrachan Còrdaidh.
- 8.3 Chaidh innse gun do choinnich buidheann-stiùiridh LearnGaelic air 17/9/19 agus gun co chuir iad an taic air cùlaibh a' Mheòrachan Còrdaidh.
- 8.4 Chaidh cudromachd an obair ùr Iar-Choimiseanair Ionnsachaidh a dhaingneachadh.
- 8.5 Thèid an làrach ùr-dhealbhaichte beò air 10/10/19 agus rachadh plana conaltraidh chur mu thimcheall.
- 8.6 Ri linn 's gur e MG ALBA a bhios a' foillseachadh na làraich-lìn, thèid dèanamh cinnteach gu bheil àrachas foillseachaidh iomchaidh aig a' bhuidheann. (Gnìomh: DMD)

9 Ro-innleachd ghoireasan riochdachaidh

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air dà stiùidio ceangailte ri telebhisean Gàidhlig - Skye Space, aig Sabhal Mòr Ostaig, agus Studio Alba, ann an Steòrnabhagh. Bha am pàipear a' sireadh bheachdan agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2 Mhìnich an t-Àrd-Oifigear gu robh MG ALBA, mar phrionnsabal, a' toirt saorsa dhan riochdaire a bhith a' taghadh dè na goireasan a chleachdas iad agus càite, agus san latha an diugh gu bheil mòran phrògraman a b' àbhaist a bhith air an riochdachadh bho stiùidio a-nis gan dèanamh ann an diofair àiteachan bhon bhlàr a-muigh gu taobh a-staigh dhachannan.
- 9.3 Ged nach ann le MG ALBA a tha na goireasan, bhathas ag aithneachadh gu robh na stiùidiothan fo-uisnichte mar ghoireasan, agus chaidh deasbad a chumail air dè bhiodh comasach a-thaobh barrachd cleachdadh a bhrosnachadh.
- 9.4 *Skyespace* - chaidh aontachadh an-dràsta gu rachadh an tuilleadh còmhraidh a dhèanamh le Sabhal Mòr Ostaig faic bheil cothroman ann an goireas a chleachdadh bho sheadh stuthan fèin-cruthaichte, dòighean sam b' urrainn na h-oileanaich a bhrosnachadh gus a

chleachdadh, agus faic am b' urrainn do FilmG an tuilleadh feum a dhèanamh dheth.

(Gnìomh: IMT)

- 9.5 *Studio Alba* – chaidh aontachadh gu rachadh an tuilleadh còmhraidh a dhèanamh le Comhairle nan Eilean Siar faic an robh comas coimearsalta anns an togalach, a ghabhadh brath air airgead calpa bho roinn Ionmhas Poblach agus Eaconomaidh Didseatach. Thèid pàipear a sgrìobhadh airson na h-ath choinneamh. (Gnìomh: DMD)

10 Ro-innleachd luchd-ùidh/conaltraidh

- 10.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' moladh gu bheil feum air an teachdaireachd a neartachadh san dà àite seo: 1) am pàirt a tha riochdachadh Gàidhlig a' gabhail anns an eaconomaidh chruthachail; agus 2) an fheum airson fuasgladh maoineachaidh airson craoladh Gàidhlig gu poilitigeach.
- 10.2 Bhathas uile den bheachd gu robh dùil gum biodh buaidh mhòr aig an dreuchd ùr Stiùiriche phoilitigeach a bha ann, ach gun rachadh cumail a' dol le ceanglaichean agus dàimhean a thogail.
- 10.3 Chaidh a dhaingneachadh gu robh dùil gum biodh buaidh mhòr aig an dreuchd ùr Stiùiriche air na nithean seo, mus e agus gun aontaicheadh am Bòrd agus Ofcom ris an dreuchd.
- 10.4 Bha faireachdainn làidir ann gur e aon dòigh seo a dhèanamh, dèanamh cinnteach gu robh làthaireachd follaiseach agus chunbhalach aig a' bhuidheann aig tachartasan.
- 10.5 Le liosta thachartasan air beulaibh bhall, chaidh a ràdh gum biodh e uabhasach feumail nam b' urrainn do gach ball a bhith an làthair aig dà thachartas an duine, sin a' dèanamh cinnteach gum biodh riochdachadh iomchaidh aig MG ALBA aig na tachartasan.
- 10.6 Thèid an liosta a sgaoileadh air buill a-rithist. (Gnìomh: MAMI/DC)

11 Ro-innleachd dhaonna

- 11.1 Chaidh còmhradh prìobhaiteach a chumail eadar buill agus an t-Àrd-Oifigear a-mhàin. Chaidh bruidhinn mu dheidhinn molaidhean fastaidh aig ìre stiùiriche, a' gabhail a-steach atharrachaidhean a bhathas air a dhèanamh air adhbharan slàinte airson na sia mìosan 1 Cèitean gu 31 Dàmhair 2019. Chaidh iarraidh air an Àrd-Oifigear fios a chumail ris a' Chomataidh Sgrùdaidh a thaobh slàinte agus ri cathraichean nan comataidhean mu dheidhinn fastadh.

12 Plana Obrachaidh – 3 bliadhna gu 2022/23

- 12.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' togail air na prionnsabalan a chaidh a mhìneachadh aig coinneamh bùird an Ògmhios.
- 12.2 Bha am pàipear a' sealltainn buidseat ùr na bliadhna 2019-20, a bha a' cothromachadh teachd a-steach le cosgais, mar a chaidh aontachadh leis a Chomataidh Sgrùdaidh fo chumhachdan tiomnaichte. Chaidh deasbad a chumail'. Ghabh buill fainear, agus dh'aontaich iad ris.
- 12.3 Bha am pàipear cuideachd a' toirt sùil ionmhasail air adhart airson trì bliadhna, suas gu 2022/23.
- 12.4 Chaidh còmhradh a chumail, gu h-àraid mu cho-theacsa nam pasgain a bhiodh a tighinn gu crìoch ann an 2021 (ach Spòrs, a tha a'tighinn gu crìoch ann an 2020), mu phrionnsabalan Ro-Innleachd Ioma-Ùrlair, mu na beàrnan tha an-dràsta sa chlàr, agus mu nithean eile a bha a' toirt buaidh air buidseat.
- 12.5 Bhon cheann Cùisean Làitheil, chaidh a dhaingneachadh nach robh e ceadaichte, fon Chairt Rìoghail, don BhBC airgeadh bhon taobh a-muigh, mar eisimpler bho MG ALBA, a ghabhail airson na gnè seo agus gun deigheadh comhradh a chumail leotha mu bhith a' libhrigeadh na gnè seo comhla ri na naidheachdan.
- 12.6 Bhon cheann Dràma, chaidh a chomarrachadh cho cudromach 's a tha e gun tèid tuigsinn gu poblach gur e miann airson leudachadh air dràma a tha aig MG ALBA ged a bhiodh am buidheann a' sireadh co-maoineachadh bho 2021 a-mach. Chaidh aontachadh gu robh e fìor chudromach gum bi MG ALBA a' cur teachdaireachd làidir a-mach nuair a thathas a' dol an sàs ann an geallaidhean leithid an £1.5m a bhathas an dùil a chur mu choinneimh drama Gàidhlig thairis air trì bliadhna.
- 12.7 Chaidh aontachadh gum bu chòir dreachd ioma-ùrlar no fiùs 'digital first' a bhith air a' bhuidseat.
- 12.8 Chaidh aontachadh gu robh feum air an tuilleadh obrach gus na nithean sa phàipear seo a thoirt air adhart agus tillidh pàipear chun bhùird as t-Samhain. (Gnìomh: DC)

13 Ceumannan ro-innleachd na Co-bhanntachd

- 13.1 Aig coinneamh a' bhùird air 29/11/18 bheachdaich buill mu dhìofair roghainnean a bha ag amas air cruth atharrachadh a thoirt air bonn-stèidh maoin chraoladh Gàidhlig. Bheachdaich iad air na dìofair roghainnean sin ann am barrachd dhoimhneachd, le anailis air laigsean is neartan, is cuideachd lèirmheas air mar a dheigheadh gach roghainn a chuir an sàs. Aig coinneamh bùird air 11 agus 12/6/19, chaidh iarradh an tuilleadh obrach a dhèanamh air

roinn 4 (MG ALBA mar chraoladair). Bha pàipear air beulaibh bhall le fios às ùr air càite an robhas le cùisean

- 13.2 Chaidh innse a thuilleadh air aithisg a thèid a lìbhrigeadh le neach neo-eisimeileach as t-Samhain gu bheil aithisg teicneòlais ga ullachadh in-taigh cuideachd agus bidh an dà chuid deiseil airson coinneamh na Samhna.
- 13.3 Chaidh innse a thuilleadh air coimhead ris an roghainn seo, gu bheileas a' cumail a' dol leis an roghainn ann a bhith a' togail air a' chompàirteachas leis a' BhBC.
- 13.4 A thaobh an roghainn sin, b' e a' chiad cheum fiosrachadh a thrusadh bho luchd-ùidhe agus an dàrna ceum fuasgladh fhaighinn gu h-eaconamach agus gu poilitigeach. Sa cho-theacsa seo, thathas dòchasach gun gabh neach neo-eisimeileach sònraichte cathair air a' bhuidheann seo, agus bha Riaghaltas na h-Alba ag obair gus seo a chur gu gluasad.
- 13.5 Thèid fiosrachadh a chumail ris a' Bhòrd mu adhartas. (Gnìomh: DC)

14 Gnothaichean riaghlaidh a' Bhùird

(a) Aithisg an AO/Sùil air Faire

- 14.1 Bha lèirmheas ràitheil air beulaibh bhall agus ghabh na buill fa-near.
- 14.2 Chaidh iomradh a thoirt air là fa leth an luchd-obrach air 20/9/19, far an deach coimhead ri luachan agus brannd na buidhne. Thèid an ath cheum den obair a dhèanamh le buidheann in-taigh IIP na buidhne, le molaidhean a' tighinn chun bhùird as t-Samhradh 2019. Thèid an obair seo a dhèanamh aig an aon àm ri bhith a' coimhead ris an Lèirsinn ùrachadh.
- 14.3 Chaidh còmhradh a chumail mun dàimh le Alba Chruthachail agus chaidh moladh gum biodh e feumail nan coinnicheadh an Cathraiche aig MG ALBA ri Cathraiche Alba Chruthachail bho àm gu àm. (Gnìomh: MAMI)
- 14.4 Chaidh aithneachadh cho seasmhach 's a bha maoineachadh Riaghaltas na h-Alba air a bhith, ach ri linn 's gu bheil pàirt den airgead a dh'fheumas daingneachadh gach bliadhna chaidh aontachadh gun deigheadh beachdachadh air a bheil feum air ro-innleachd a chuir an sàs. Thèid còmhraidhean a chumail a' dol le na seirbheiseach catharra (Gnìomh: DC)
- 14.5 Ann an co-theacsa 5G, chaidh innse gu bheil Oilthigh Ghlaschu a' dèanamh pilot agus gum bu chòir còmhraidhean fhosgladh leotha faic bheil dòigh ann Gàidhlig fhaighinn a-staigh air cùisean. (Gnìomh: DC)

(b) KPIs

- 14.6 Tha Comharran Coileantachd as Cudromaiche aig MG ALBA (Key Performance Indicators, no KPIs) ainmichte sa Phlana Obrachaidh gach bliadhna.

- 14.7 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ mìneachadh ciamar agus cuin a bu chòir dùil a bhith ann riutha, agus dè an cumadh anns am bi iad bho seo a-mach, le cruth ùr air a bhith air a dhealbhadh orra.
- 14.8 Chaidh taing a thoirt seachad airson an dà chuid an t-susbaint soilleir agus an riochd feumail san tèid iad an aithris chun bhùird.

(c) Clàr Riosgan

- 14.9 Chaidh moladh a dhèanamh aig Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh air 5/9/19 fòrmat agus coltas a’ chlàr atharrachadh agus le sin chaidh aontachadh gum biodh e feumail nan deigheadh a’ chlàr air fad air beulaibh a’ bhùird aig coinneamh na Sultaine agus an dèidh sin, ’s e a-mhàin na riosgan as cudromaiche (dearg) a bhios a’ dol fa chomhair a’ bhùird, a’ leantainn prionnsabalan “exception reporting” mar a chaidh aontachadh cheana.
- 14.10 Chaidh innse gu bheil adhartas agus gluasadan air a bhith ann le cuid de na riosgan, ach a dh’aindeoin sin, chan eil cus gluasad air a bhith ann san fharsaingeachd bhon choinneamh mu dheireadh, le na riosgan co-cheangailte ri *Ro-innleachd agus Maoineachadh* fhathast a’ gabhail prìomhachas agus air am measadh aig an ìre as àirde (dearg).
- 14.11 Bha na trì as àirde air an comharrachadh taobh a-staigh a’ phàipeir ach chaidh innse gu robh iad air a bhith taobh a-staigh puingeann eile a chaidh an deasbad aig a’ choinneamh agus mar sin cha robh feum air mòran deasbaid a dhèanamh orra.
- 14.12 Ged a chaidh aontachadh gur e na riosgan as cudromaiche (dearg) a bhiodh air beulaibh a’ bhùird bho seo a-mach, dh’iarr Cathraiche a’ Bhùird gum biodh e cuideachail nam biodh an clàr air fad a’ nochdadh aig gach coinneamh. (Gnìomh: DMD)

(d) Cunntasan stiùiridh

- 14.13 Bha pasgan cunntasachd Q1 2019/20 air beulaibh bhall agus an dèidh ceistean a chur agus freagairtean iomchaidh fhaighinn ghabh am bòrd riutha (an dèidh do aon mhearachd a chaidh a chomharrachadh aig Comataidh Sgrùdaidh agus Dearbhaidh a cheartachadh). (Gnìomh: NP)
- 14.14 Chaidh ceist a thogail mu chosgaisean T&S aona neach. Chaidh aontachadh gun deigheadh nota a chuartaicheadh fa-leth gu buil S&D le tuilleadh mìneachaidh airson fios. (Gnìomh: DMD)

(e) Ceadan sònraichte

- 14.15 Cha robh gin sa chairteal seo.

15 Fastadh buill ùra / plana trèanaidh

- 15.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt iomradh air pròiseas fastaidh nam ball ùra a bha a' gabhail àite an-dràsta agus air trèanadh nam ball
- 15.2 Chaidh a mholadh dà là chuir gu taobh ro dheireadh a' Mhàirt – aon là airson trèanadh agus aon là son ùine a chuir seachad a' deasbad ro-innleachd. (Gnìomh: MAMI)
- 15.3 A thaobh trèanadh nam ball, chaidh aontachadh: a) gum biodh e feumail CPD airson gach ball a chuir air dòigh, gu h-àraidh na buill ùr a bhios a' tighinn air a' bhòrd; b) san eadar-ama, thèid fios a-mach gu buill mu diofar chùrsaichean (a' toirt sùil air feadhainn a bhios Riaghaltas na h-Alba a' ruith). (Gnìomh: MAMI)

16 Conaltradh bùird

- 16.1 Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 16.2 Chaidh aontachadh gu robh e cudromach gum bu chòir miann MG ALBA airson High Definition airson BBC a bhrosnachadh san àrainneachd phoblach.
- 16.3 Chaidh iomradh a thoirt air na h-adhbharan a bha air cùlaibh dhuilgheadasan a' BhBC a thaobh HD, gu h-àraid nuair bha e comasach an t-seanail ùr BBC Scotland a chur air HD.
- 16.4 Chaidh a chomharrachadh, a thuilleadh air tuigse a bhith ann air dè dh'fhaodadh a bhith air a dhèanamh gu teicnigeach gus fuasgladh fhaighinn air a' chùis, gu robh feum air co-dhùnadh chorporra a dhìth.
- 16.5 Chaidh a chomharrachadh gu robh cothrom ann aig na tachartasan a tha a' tighinn am bàrr a' cheist seo mu HD a chuir aig àrd ìre de phrìomhachas.
- 16.6 Chaidh a chomharrachadh gu bheil feum air dòigh fhaighinn, a thuilleadh air aig ìre oifigearan, conaltradh a bhith ann aig ìre Àrd-Stiùiriche a' BhBC agus Cathraiche a' BhBC.
- 16.7 Chaidh aontachadh gu robh feum air eachdraidh a' chuspair agus ro-innleachd a' dol air adhart. Thèid pàipear a sgrìobhadh, a' tional eachdraidh agus a' cruthachadh ro-innleachd airson gluasad air adhart agus thèid a sgaoileadh air buill ron ath choinneamh. (Gnìomh: IMT)
- 16.8 Chaidh aontachadh sgrìobhadh air ais gu Stiùiriche Nàiseanan agus Roinnean a' BhBC. (Gnìomh: DC)

17 Aithisgean dèanadais – Q1 2019/20

- 17.1 Bha aithisgean ràitheil a) Ionmhas b) BBC ALBA c) Air-loidhne agus na Meadhanan Sòisealta air beulaibh bhall agus ghabh buill fa-near.

18 GISBE

- 18.1 Chaidh aontachadh gun tèid daingneachadh le ball a' Bhùird a tha an-dràsta thall thairis dè bhios comasach a thaobh làthaireachd airson an còrr den teirm aige. (Gnìomh: MAMI)
- 18.2 Chaidh innse gu robh iarrtas air a thighinn bho ùghdar leabhar ùr mu seann Stiùiriche CCG agus chaidh tairgse an tachartasan fhilmadh.
- 18.3 Chaidh innse gum bi riochdairean bhon bhuidheann a tha a' dèanamh in-sgrùdadh air Èifeachdas a' Bhùird an làthair aig coinneamhan Comataidh agus Bùird as t-Samhain agus gum bi feum air innealan agus seirbheis eadar-theangachaidh. (Gnìomh: MAMI)

19 Deit na h-ath choinneimh - 26 agus 27 Samhain 2019, Glaschu.

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: